

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Co-labhairt nàiseanta a' coimhead air iomairtean soirbheachail

Bidh iomairtean soirbheachail a thaobh meudachadh air àireamhan luchd-labhairt Maori am measg nam prìomh chuspairean a bhithear còmhraidh agus a' deasbad aig co-labhairt nàiseanta Bhòrd na Gàidhlig, a bhios a' gabhail àite ann an Inbhir Nis air 20 Cèitean airson beachdachadh air mar a dh'fhaodadh ùghdarrasan ionadail, buidhnean Gàidhlig agus buidhnean coimhearsnachd am planaichean fa leth don Ghàidhlig a thoirt gu buil.

Chaidh togail air soirbheachadh iomairtean cànan ann an Sèalainn Nuadh, far a bheil àireamhan luchd-labhairt a' chànain air a dhol bho ìre nas ìsle na Gàidhlig gu ìre nas àirde na Gàidhlig an taobh a-staigh deich bliadhna, ann am Pàrlamaid na h-Alba air a' mhìos a chaidh seachad, aig deasbad mu dheidhinn a' phlana gnìomha ùr airson Gàidhlig. A-nis, tha neach a bha aig teis meadhain ath-bheothachadh a' chànain Maori, Jim Mather, Ceannard Maori Tbh, a' tighinn a dh'Alba gus mion-fhiosrachadh a bhruidhinn mar a dh'fhaodadh cuid de na h-iomairtean thall an sin a bhith nam buannachd ann am planadh airson na Gàidhlig.

Thuir Art MacCarraig, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig: " 'S e Māori cànan oifigeil Shèalainn Nuaidh agus tha i dùthchasach don tìr. Tha i mar phàirt de charactar nàiseanta agus dearbh-aithne na dùthcha. Tha saidhbhreas agus beothalachd a' chànain a' cur Sèalainn Nuadh air leth ann an raointean leithid turasachd, às-mhalairt, cosnadh, spòrs, foghlam agus craoladh. Tha Gàidhlig na cànan oifigeil an Alba agus a' comharrachadh mar phàirt dhen fhèin-aithne againn mar an ceudna. Tha mòran ann a dh'fhaodamaid a cho-roinn a thaobh eòlas buntainneach thar raon fharsaing de ghnìomhachdan sa bheatha phoblaich agus gu h-àraid an t-àite aig a' chànain san dachaigh, ann am foghlam agus craoladh."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bidh a' cho-labhairt nàiseanta "An Gnìomh a Dhearbhas" a' gabhail àite Diardaoin 20 Cèitean 2010, ann an Taigh-òsta Dhruim Athaisidh ann an Inbhir Nis, agus tha am Bòrd a' gabhail ri iarrtasan a thaobh làthaireachd aig an àm seo fhèin. Tha an tachartas fosgailte do gach neach agus thèid a' cho-labhairt fhosgladh gu h-oifigeil leis an t-seinneadair Gàidhlig eadar-nàiseanta Julie Fowlis.

Bidh dìnnear ann air aoigheachd bho Bhòrd na Gàidhlig san taigh-òsta air feasgar Diciadain 19 Cèitean, far am bi Tosgair na Gàidhlig, an neach foghlaim agus an cuirmear ainmeil Gàidhlig, an t-Oll. Anna Latharna Nic'Ilhòsa, na h-òraidiche air aoigheachd.

Rè na co-labhairt, bidh trì seiseanan fosgailte agus thèid iad sin a bhriseadh le dà chuibhreann de choinneamhan fiosrachaidh. Bidh a' mhadainn a' dèiligeadh ri ceistean co-cheangailte ri ro-innleachdan leasachaidh agus mar a thèid am plana Gnìomh ùr, Ginealach Ùr na Gàidhlig a chur an-sàs. Bidh am feasgar air a chur mu seach airson cothroman maoineachaidh, le luchd-labhairt a fhuair cuireadh a' toirt fiosrachadh mionaideach mu bhunan maoineachaidh airson pròiseactan agus obair leasachaidh.

Bidh an dàrna seisean fosgailte a' meòrachadh air na tha a' tachairt taobh thall an t-saoghail còmhla ri Jim Mather agus bidh an seisean deireannach den latha a' gabhail a-steach deasbaireachd air an ath Phlana Nàiseanta còig-bliadhna airson na Gàidhlig agus cuirear crìoch air an deasbad le seisean fosgailte far am bi pannal a' freagairt cheistean bhon luchd-èisteachd.

Faodaidh buidhnean agus daoine fa leth a tha a' sùileachadh ri thighinn chun na co-labhairt, suas ri trì teachdairean a chlàradh gus a bhith an làthair aig a' cho-labhairt. Bu chòir do fhoirm clàraidh mu choinneamh gach teachdaire a bhith air an cur a-steach cho luath 's a

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



ghabhas ro 07 Cèitean. Tha na foirmean rim faotainn bho oifis Bhòrd na Gàidhlig ann an Inbhir Nis.

Bidh na taisbeanaidhean agus na h-òraidean uile rim faotainn air an eadar-lìon às dèidh an tachartais.

Ma bhios an tuilleadh fiosrachaidh a dhìth oirbh, cuiribh fios gu Shona Sloan Manaidsear Conaltraidh, Bòrd na Gàidhlig, aig shona@gaidhlig.org.uk (Fòn 01463 225454; Facs 01463 716217).

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



National conference to look at successful initiatives

Successful initiatives to increase the numbers of Māori language speakers will be amongst the key topics being discussed at Bòrd na Gàidhlig's national conference being held in Inverness on May 20 to discuss how public authorities, Gaelic bodies, and community groups might implement their respective plans for Gaelic.

The success of language initiatives in New Zealand, where numbers speaking the language have gone from a lower level than Gaelic to higher level than Gaelic within ten years, was highlighted in the Scottish Parliament at a debate on the new action plan for Gaelic last month. Now, a key figure in the Māori language resurgence, Jim Mather, Chief Executive of Māori TV, is to visit Scotland to detail how some of the initiatives taken there could be of benefit in terms of Gaelic language planning.

Cathraiche (Chair) of Bòrd na Gàidhlig, Arthur Cormack said: " The Māori language is the official language of New Zealand and is indigenous to the country. It is a part of the country's national character and identity. The richness and vibrancy of the language distinguishes New Zealand in areas such as tourism, exporting, employment, sport, education and broadcasting. Gaelic is an official language of Scotland and distinguishes our country in the same ways. There is a great deal we could share in terms of relevant experience across a wide range of activities in public life and particularly the role of the language in the home, education and broadcasting."

The national conference "An Gnìomh a Dhearbhas" (Action counts) will take place on Thursday 20 May 2010, at the Drumossie Hotel, Inverness and applications to attend are now being received by the Bòrd. The event is open to everyone and the conference itself will be opened by international Gaelic singing star Julie Fowlis.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig will host a dinner at the hotel on the evening of Wednesday 19 May at which the guest speaker will be “Tosgair na Gàidhlig” (Gaelic Ambassador) and well-known Gaelic educationalist and entertainer Dr Anne Lorne Gillies.

The conference will include three plenary sessions, and these will be interspersed with two sets of break-out information sessions. The morning sessions will deal with aspects of language development strategy and how the recently-published action plan Ginealach Ùr na Gàidhlig (The new generation of Gaelic speakers) will be implemented and the afternoon will be devoted to funding opportunities.

The second plenary session will feature Jim Mather’s contribution on the Maori experience and the final session of the day will include discussion on the next five year National Plan for Gaelic, concluding with an open session where a panel will field questions from the audience.

Organisations and individuals wishing to attend the conference may register up to three delegates to attend the conference. Registration forms for each delegate should be submitted as soon as possible by 07 May. The forms are available from Bòrd na Gàidhlig’s office in Inverness.

All presentations and speeches will be available on the web after the event.

If you require any further information please contact Shona Sloan Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig, at shona@gaidhlig.org.uk (Tel. 01463 225454; Fax 01463 716217).

Notes to Editors

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig is the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development and providing advice to the Scottish Ministers on Gaelic issues. Under the terms of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, Bòrd na Gàidhlig is required:

- to secure the status of Gaelic as an official language of Scotland
- to promote, and facilitate the promotion of, Gaelic
- to provide advice and assistance on matters relating to Gaelic
- to increase the number of people able to use and understand Gaelic
- to encourage the use and understanding of Gaelic
- to facilitate access to Gaelic